

Cuspair Clàir-ghnothaich	<b>8</b>
Àir. Aithisge	<b>G/8/22</b>

## COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

**Comataidh:** Comataidh na Gàidhlig

**Ceann-latha:** 1 Sultain 2022

**Tìotal Aithisge:** Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig

**Aithisg le:** Kate Lackie  
Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

### 1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 'S e adhbhar na h-aithisge geàrr-chunntas às ùr a thoirt do Bhuill mu na còig iarrtasan airson Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) a chuir a' Chomhairle a-steach gu Bòrd na Gàidhlig (BnaG).

### 2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. Toirt fa-near gun deach sùim iomlan de £101,675 fhaotainn mu choinneamh nan tagraidhean a chaidh a chur a-steach gu BnaG;
- ii. Beachdachadh air na pròiseactan GLAIF a tha Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a' stiùireadh agus anns a bheilear a' gabhail com-pàirt; agus
- iii. Toirt fa-near gu bheilear fhathast a' feitheamh co-dhùnadh bho Bhòrd na Gàidhlig mu aon iarrtas.

### 3 Buaidhean

3.1 Goireas – Tha Sgioba na Gàidhlig air còig iarrtasan maoin eachaidh a chur a-steach gu sruth maoin eachaidh GLAIF aig Bòrd na Gàidhlig. Tha am maoin eachaidh seo a' neartachadh obair leantainneach Sgioba na Gàidhlig agus a' cuideachadh Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd gu bhith ag obair còmhla, far a bheil sin iomchaidh, ann a bhith a' libhrigeadh amasan is mion-amasan Plana Cànanain Nàiseanta na Gàidhlig.

- 3.2 Laghail – Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 air inbhe laghail a thoirt dhan Ghàidhlig. Feumaidh Comhairle na Gàidhealtachd aire a thoirt dhan Achd.
- 3.3 Coimhearsnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Tha na h-iarrtasan maoin eachaidh a’ gabhail ealla do na nithean seo.
- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde / Carbon Ciallach / Cunnart – Chan eil buaidhean dìreach sam bith ann.
- 3.5 Gàidhlig – Tha am maoin eachadh a tha air a thoirt seachad le BnaG tro shruth maoin eachaidh GLAIF fìor chudromach do Sgioba na Gàidhlig seach gu bheil e a’ cuideachadh ann a bhith a’ buileachadh nam prìomh taisbeanairean coileanaidh ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha am maoin eachadh a’ toirt cothrom do Sgioba na Gàidhlig pròiseactan ùra is innleachdach a leasachadh is a chumail a’ dol, agus tha seo a’ brosnachadh deagh obrachadh com-pàirteach le buidhnean coimhearsnachd, buidhnean Gàidhlig is cultair agus le luchd-ùidhe Chomhairle na Gàidhealtachd. Tha seo uile ag amas air prìomhachasan a’ Phlana Cànain Nàiseanta agus Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd fhèin.

#### **4. Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) aig Bòrd na Gàidhlig (BnaG)**

- 4.1 Stèidhich BnaG sruth maoin eachaidh GLAIF gus ùghdarrasan poblach a chuideachadh ann a bhith a’ libhrigeadh nan geallaidhean sna planaichean Gàidhlig aca agus airson taic a thoirt do Phlana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig.
- 4.2 Tha GLAIF air a chleachdadh cuideachd airson cuideachadh a thoirt do dh’ùghdarrasan poblach eile ann a bhith a’ libhrigeadh phròiseactan air thoiseach air brath foirmeil gus Plana Gàidhlig a dhèanamh.

Tha am maoin seo a’ toirt taic do phròiseactan a bhios air tòiseachadh agus a bhios an dùil a bhith crìochnaichte eadar toiseach an Lùnastail 2022 agus 31 Lùnastal 2023.

Feumaidh Sgioba na Gàidhlig aithisgean bliadhnaile a thoirt seachad mu adhartas gach pròiseact GLAIF do Bhòrd na Gàidhlig.

#### **5. Tagraidhean GLAIF Sgioba na Gàidhlig**

- 5.1 Chuir Sgioba na Gàidhlig a-steach còig iarrtasan airson maoin eachadh GLAIF gu Bòrd na Gàidhlig sa Ghiblean 2022. Tha na leanas a’ toirt geàrr-chunntas air gach pròiseact GLAIF a chaidh a chur a-steach agus an inbhe làithreach.

#### **6. Com-pàirteachas Ro-innleachdail Breith gu Trì – £60,000 air Fhaotainn**

- 6.1 Tha Com-pàirteachas Ro-innleachdail Breith gu Trì eadar Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd air a bhith soirbheachail agus tha buaidh shusbainteach air a bhith aige air roinn 0 gu 3 na Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

O chionn ghoirid, tha Sgioba na Gàidhlig air obrachadh ann an co-bhann leis an Care and Learning Alliance agus thug seo cothrom taic a thoirt dhan roinn 0 gu 3 le luchd-obrach cluiche eòlach is fileanta sa Ghàidhlig, ag obair còmhla ri buidhnean saor-thoileach thar na sgìre gus taic a thoirt do bhuidhnean Pàrant is Pàiste agus gluasad gu FtG a bhrosnachadh.

- 6.2 'S iad na sgìrean a tha air an còmhdach sa phròiseact: Inbhir Theòrsa, Drochaid a' Bhanna, Baile Dhubhthaich, Inbhir Pheofharain, Inbhir Nis, Inbhir Narann, Gleann Urchadain, Baile Ùr an t-Slèibh, Ullapul, Geàrrloch, Àth Tharracail, Malaig, agus Baile a' Chaolais. Bha an t-Eilean Sgitheanach air a chòmhdach roimhe le Bòrd na Gàidhlig. Tha Sgioba na Gàidhlig an-dràsta a' togail ceangal le Sgioba Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig gus bruidhinn mu dhòighean gus taic a thoirt dhan Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse a' dol air adhart.
- 6.3 Tha taic do theaghlaichean 0–3 Gàidhlig iom-fhillte seach gu bheilear an crochadh air an roinn shaor-thoileach. Tha buidhnean air an ruith le comataidhean phàrant agus mar a tha clann a' fàs is a' gluasad air adhart, bidh buill comataidh ag atharrachadh gu tric. Tha luchd-obrach agus buidhnean Pàrant is Pàiste ag amas air dàimhean matha a thogail agus raon de thaic a thoirt seachad. Thar gach rud, tha seo a' gabhail a-steach a bhith a' libhrigeadh chleasan cluiche, sgeulachdan is òrain Ghàidhlig sa bhuidhinn, agus a' toirt seachad deagh eisimpleir air cleachdadh na Gàidhlig gus togail cànan agus cleachdadh cànan san dachaigh a leasachadh.
- 6.4 Tha na leanas a' toirt sealladh farsaing air an fheallsanachd air cùl pròiseact 0–3 GLAIF:
- A' togail aire mu chleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd, Foghlam tron Ghàidhlig agus a' cur air adhart buannachdan dà-chànanais.
  - A' toirt seachad deagh thaic is structar, gu cunbhalach, do bhuidhnean 0 gu 3 Gàidhlig.
  - A' libhrigeadh nan seiseanan cluiche far a bheil sin a dhìth taobh a-staigh nam buidhnean a th' ann mar-thà agus, ma stadas buidhnean, obrachadh còmhla ri sgiobaidhean Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd na Comhairle gus seiseanan cluiche a libhrigeadh, mar a tha a dhìth, gus an tèid a' bhuidheann a stèidheachadh às ùr.
  - A' toirt taic do phàrantan le ionnsachadh cànan bunaitich a tha stèidhichte air ùidhean is feumalachdan an leanais.
  - Ag obair gu dlùth le Oifigearan Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd Gàidhlig na Comhairle a bhios a' toirt taic do bhuidhnean le bhith a' cur thachartasan brosnachail is spòrsail air dòigh sa choimhearsnachd, gu h-àraid am-bliadhna gus buaidh Covid-19 air com-pàirteachas coimhearsnachd a lùghdachadh.

## **7 Gàidhlig airson Inbhich – £30,000 air Fhaotainn**

- 7.1 Tha Comhairle na Gàidhealtachd an-còmhnaidh a' feuchainn ri cothroman ionnsachaidh do dh'inbhich a mheudachadh thar sgìre na Gàidhealtachd. Bidh am pròiseact ag amas air sgìrean taobh a-staigh Chomhairle na Gàidhealtachd far a bheil solar FtG mar-thà ann an sgoiltean, agus solar a leudachadh ann an sgìrean ùra le bhith ag àrdachadh ìomhaigh na Gàidhlig.
- 7.2 Tha Comhairle na Gàidhealtachd an-dràsta a' cleachdadh dòigh-obrach structaraichte is adhartach a thaobh ionnsachadh, ann an sgìrean far a bheil barrachd oileanach ann an clasaichean Gàidhlig. Tha seo a' toirt cothrom air slighe shoilleir bho chùrsaichean luchd-ionnsachaidh gu cùrsaichean Gàidhlig aig ìre oilthighe.
- 7.3 Tha an t-iarrrtas leantainneach airson chlasaichean Gàidhlig a' ciallachadh gu bheil feum air oidean ùra agus bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur thachartasan trèanaidh air dòigh do dh'oidean. Tha an trèanadh feumail cuideachd do dh'oidean a th' ann mar-thà mar phàirt de Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach.

Tha fèill mhòr air clas Gàidhlig do Phàrantan agus leanaidh seo air adhart air-loidhne seach gu bheil e a' toirt cothrom do bhuidheann nas fharsainghe de phàrantan bho air feadh na Gàidhealtachd com-pàirt a ghabhail. Tha dòighean ùra gus clasaichean Ionnsachadh Gàidhlig Inbheach a libhrigeadh air sìor leasachadh tron bhliadhna mar thoradh air mòr-ghalar Covid-19. Bidh an dòigh-obrach mheasgaichte seo de bhith a' cumail chlasaichean an dà chuid air-loidhne agus aghaidh ri aghaidh a' leantainn air adhart seach gu bheil clasaichean air-loidhne air a bhith buannachdail a thaobh a bhith a' ruigsinn dhaoine ùra agus farsaingeachd dhaoine nach b' urrainn faighinn gu clasaichean traidiseanta Gàidhlig.

Tha ionnsachadh aghaidh ri aghaidh cuideachd ri fhaotainn, agus tha mòran oidean a' cleachdadh SpeakGaelic mar structar leantainneach. Tha na clasaichean seo a' freagairt nas fheàrr orrasan a tha a' coimhead airson àrainneachd ionnsachaidh nas structaraichte agus tha susbaint a bharrachd bho na meadhanan a' tabhann barrachd bogaidh sa chànan.

## **8. Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd – air £5,675 Fhaotainn**

8.1 Bidh am pròiseact 'Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd' a' gabhail a-steach prògram de làithean/sheiseanan FtG do chloinn is do dhaoine òga, a bharrachd air ionnsachadh teaghlaich a bhios an lùib nan seiseanan. Thèid am prògram a libhrigeadh thairis air a' bhliadhna, a' gabhail a-steach amannan saor-làithean sgoile. Thathar an dùil gum bi am pròiseact gu h-àraid do theaghlaichean le clann sa bhun-sgoil agus do dhaoine òga a' dol gu FtG àrd-sgoile ann an Inbhir Nis agus san Sgìre a Tuath.

8.2 Tha am pròiseact ag amas air na leanas a choileanadh:

- i) A bhith a' togail mothachadh mu chànan na Gàidhlig, gu h-àraid ann an sgìrean far nach eil a' Ghàidhlig air a bruidhinn sa bhitheantas.
- ii) A bhith a' cur air adhart Foghlam tron Ghàidhlig mar dheagh roghainn foghlaim agus a' soilleireachadh buannachdan dà-chànanaid.
- iii) A bhith a' brosnachadh dhaoine òga gus a' Ghàidhlig a thaghadh fhad 's a tha iad a' gluasad gu foghlam àrd-sgoile agus nas anmoiche san sgoil nuair a tha iad a' taghadh nan cuspairean aca.
- iv) A bhith a' cuideachadh sgoilearan a thaobh fileantas agus taic cànanais às dèidh Covid.

8.3 Tha am pròiseact a' coimhead air taic is leasachadh a thoirt air sgilean togail-cànain nan sgoilearan tro bhith a' toirt barrachd chothroman dhaibh a bhith air am bogadh sa chànan, agus tuilleadh chothroman airson aire a thogail mun Ghàidhlig. Bidh seo a' cur air adhart cleachdadh na Gàidhlig am measg dhaoine òga. Airson ion-ghabhaltas nas fharsainghe agus com-pàirteachas nas motha, bidh am pròiseact a' libhrigeadh ghnìomhan do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bharrachd air ghnìomhan do chloinn ann am FtG.

Thèid prògram de ghnìomhan samhraidh airson 2023 a thoirt an lùib a' phròiseict airson cothrom a thoirt do sgoilearan a' Ghàidhlig a chluinntinn tro na saor-làithean.

## **9. Prògram Taic BSGPR – £6,000 air Fhaotainn**

- 9.1 Coltach ri Gàidhlig anns a' Choimhearsnachd, tha Prògram Taic BSGPR ag amas air taic a thoirt do theaghlaichean agus do choimhearsnachd na sgoile ann am Bun-Sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh.
- 9.2 Thèid am pròiseact a libhrigeadh ann an co-bhann le Ceannard na Sgoile agus luchd-obrach FtG, buidhnean Gàidhlig agus buidhnean coimhearsnachd. Nì am pròiseact cinnteach gum bithear a' cleachdadh na Gàidhlig barrachd agus bheir e cothrom do dhaoine òga am fileantas sa Ghàidhlig agus an comas conaltradh sa Ghàidhlig a leasachadh tro bhith a' gabhail pàirt anns na gnìomhan is na tachartasan a thathar a' cur air dòigh.
- 9.3 Tha am pròiseact ag amas air na leanas a choileanadh:
- Fiosrachadh a thoirt do phàrantan is do theaghlaichean mu na cothroman a th' ann dhaibh a thaobh Foghlam tron Ghàidhlig gus clàr na sgoile a mheudachadh.
  - So-ruigsinneach is ion-ghabhaltas do gach sgoilear a tha a' frithealadh BSGPR.
  - Na tha na sgoilearan a' cluinntinn is a' faicinn de Ghàidhlig, an dà chuid às dèidh na sgoile agus tro ùine a' churraicealaim, a mheudachadh.
  - Ìomhaigh na Gàidhlig a thogail ann an dòigh mhisneachail do dhaoine òga.
  - Cothroman obrach a thoirt seachad do sgoilearan àrd-sgoile FtG a tha air a dhol tro FtG no a tha ann am FtG san àrd-sgoil.
  - Obrachadh com-pàirteach a mheudachadh gus nach bi goireasan air an dùblachadh taobh a-staigh Leasachadh Gàidhlig Coimhearsnachd.
- 9.4 Gus tuilleadh leasachaidh a thoirt air a' phròiseact ann an 2022–23 thèid fèis spòrs Ghàidhlig a chur air dòigh airson sgoilearan FtG ann am bun-sgoiltean Dhùn Bheagain, Chille Mhoire agus Stafainn. Bheir am pròiseact leudachadh air na cothroman a bhios ri fhaotainn do sgoilearan FtG a thaobh ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh. Bha an club seòlaidh FtG às dèidh sgoile ann an 2021 fìor shoirbheachail agus thug e cothrom do sgoilearan ann an Clas 7 ann am BSGPR ceangal a thogail le sgoilearan FtG à Cille Mhoire agus Dùn Bheagain agus tha sgoilearan air innse gum bu toil leotha tuilleadh leasan seòlaidh fhaighinn.

## **10 Club Spòrs BSGLA – Co-dhùnadh mun Iarrtas ri Thighinn**

- 10.1 Tha an Club Spòrs air a bhith cudromach a thaobh a bhith a' leudachadh àrainneachd coimhearsnachd Foghlam tron Ghàidhlig aig Bun-Sgoil Ghàidhlig Loch Abar bhon a chaidh an sgoil fhosgladh. Tha e air àrainneachd tharraingeach Ghàidhlig a neartachadh san sgoil. Tha e air cleachdadh cànan nan daoine òga a leudachadh, a bharrachd air cothrom a thoirt dhaibh cleasan ùra fheuchainn. Tha seo air cur ris na sgilean cànan aca agus an deòin an cànan a chleachdadh taobh a-muigh an t-seòmair-theagaisg, agus mar sin air am misneachd agus am fileantas a leasachadh.
- 10.2 Tha e cudromach toirt fa-near dhan bhuidhe a tha air a bhith aig dìleab a' Chlub thar nam bliadhnaichean a chaidh seachad. Tha an Club cuideachd air cosnadh agus cothroman trèanaidh a thoirt do thriùir luchd-labhairt òga na Gàidhlig a tha air am fastadh gus na cleasan a libhrigeadh is a leasachadh. Tha triùir dhen òigridh a bha roimhe nan ceannardan spòrs air a dhol air adhart gu teagasg tro mheadhan na Gàidhlig agus air an cuid eòlais sa Chlub Spòrs a chleachdadh gus taic a chur ris an leasachadh phearsanta aca agus ris na h-iarrtasan teagaisg aca.

Tha am pròiseact a' gabhail a-steach obrachadh com-pàirteach leantainneach le Co-òrdanaiche nan Sgoiltean Gnìomhach aig High Life na Gàidhealtachd agus le coimhearsnachd na sgoile gu lèir.

10.3 Tha am pròiseact ag amas air na leanas a choileanadh:

- A) Cleachdadh, ionnsachadh is brosnachadh na Gàidhlig a chur air adhart, gu h-àraid am measg dhaoine òga.
- B) Cothroman a thoirt do dhaoine òga a' Ghàidhlig a chleachdadh san àite-obrach agus sgilean obrach a leasachadh.
- C) Sgilean Gàidhlig a neartachadh, aire mun Ghàidhlig a thogail agus tuilleadh chothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh am measg ùghdarrasan poblach agus an luchd-obrach.

## 11. Maoineachadh GLAIF

11.1 Tha Bòrd na Gàidhlig air an t-suim iomlan a leanas a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd airson gach pròiseact:

Com-pàirteachas Ro-innleachdail Breith gu Tri	£60,000
Gàidhlig airson Inbhich	£30,000
Gàidhlig sa Choimhearsnachd	£5,675
Prògram Taic BSGPR	£6000
Club Spòrs BSGLA	Ri Thighinn

11.2 Thathar a' toirt cunntas air adhartas agus toraidhean mar phàirt de dh'aithisg choileanaidh PRMS.

Ainmeachadh: Kate Lackie, Àrd-Oifigear Gnìomhach, Coileanadh agus Riaghlachas

Ceann-latha: 19 Lùnastal 2022

Ùghdar: Lena Walker

Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: